

CÀITE AM FAIGH MI AN TUILLEADH FIOSRACHAIDH?

Airson an tuilleadh fiosrachaidh mu riaghladh, glèidheadh agus cur air adhart Làrach Dhualchas na Cruinne, na mheasg am Plana Riaghlaidh agus fiosrachadh mu mhaoin, thoir sùil air làraich-lìn Dualchas na Cruinne Dhùn Èideann, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Comhairle Baile Dhùn Èideann.


Tha slighean dualchasach, podcastan, gailearaidhean dhealbh, bhidiothan, app an-asgaidh airson iPhone agus goireasan do thidsearan uile rim faotainn air an làraich-lìn aig Dualchas na Cruinne Dhùn Èideann.

Deiseil bhon mhullach clì

St. Bernard's Well © EWH

Sràid a 'Phrionnsa bho Calton Hill

Ceàrnag Charlotte © EWH



TUILLEADH FIOSRACHAIDH

DUALCHAS NA CRUINNE DHÙN ÈIDEANN

5 Bakehouse Close,
146 Canongate,
Edinburgh EH8 8DD
Tel: +44 (0)131 220 7720
Email: info@ewh.org.uk

www.ewh.org.uk

ÀRAINNEACHD EACHDRAIDHEIL ALBA

Longmore House,
Salisbury Place,
Edinburgh EH9 1SH
Tel: +44 (0)131 668 8600
Email: worldheritage@hes.scot

www.historicenvironment.scot

COMHAIRLE BAILE DHÙN ÈIDEANN

Waverley Court,
4 East Market Street,
Edinburgh EH8 8BG
Tel: +44 (0)131 529 3510
Email: worldheritage@edinburgh.gov.uk

www.edinburghmuseums.org.uk

TAIGH-TASGAIDH DHÙN ÈIDEANN

146 Canongate
Edinburgh EH8 8DD
Tel: +44 (0)131 529 4143

www.edinburghmuseums.org.uk

TAIGHEAN-TASGAIDH NÀISEANTA NA H-ALBA

Chambers Street,
Edinburgh EH1 1JF
Tel: +44 (0)300 123 6789
Email: info@nms.ac.uk

www.nms.ac.uk

URRAS NÀISEANTA NA H-ALBA

Hermiston Quay,
5 Cultins Road,
Edinburgh EH11 4DF
Tel: +44 (0)844 493 2100
Email: information@nts.org.uk

www.nts.org.uk



Air a chur an clò le Historic Environment Scotland lomhaighean © Crown Copyright HES mur eil a chaochladh air a ràdh.
Duilleag Aghaidh: Sealladh de Dhùn Èideann bho Arthur's Seat
© Historic Environment Scotland - Scottish Charity No. SC045925

BAILTEAN SEAN AGUS ÙR DHÙN ÈIDEANN



You may re-use this information (excluding logos and images) free of charge in any format or medium, under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated.



Làrach Dhualchas
na Cruinne

B' e Dùn Èideann prìomh bhaile na h-Alba fad còrr air 500 bliadhna, agus dh'fhàs e dha-rìribh ainmeil airson a sgrìobhaichean, luchd-ealain, luchd-saidheans agus fheallsanaichean. B' e dachaigh an eaconamair Adam Smith, am feallsanaiche David Hume agus na h-ùghdairean Sir Walter Scott agus Robert Louis Stevenson.



Skyline bho Phàirc Holyrood

DÈ THA CUDROMACH MU BHAILTEAN SEAN AGUS ÙR DHÙN ÈIDEANN?

Tha Dùn Èideann air a thogail air dealbh-tìre air leth iongantach, cruic is glinn a chaidh an cruthachadh milleanan bhliadhnaichean air ais le bhòlcanòthan agus siotaichean deighe. Còmhla, chruthaich iad fàire a tha dha-rìribh air leth, agus seallaidhean iongantach a tha ainmeil air feadh an t-saoghail.

Tha caractar a' bhaile glè mhòr an crochadh air an eadar-dhealachadh a tha eadar an Seann Bhaile agus am Baile Ùr. Tha togalaichean cudromach, eachdraidheil, anns gach sgìre. Tha còrr air 75% dhe na togalaichean a tha air taobh a-staigh an Làraich Dhualchas na Cruinne clàraichte chionns gu bheil iad eachdraidheil no cudromach a thaobh an ailtireachd.

Tha an Seann Bhaile meadhan-aoiseil air pàtran air leth a ghleidheadh, le trannsaichean cumhang ris an canar clobhsaichean agus wynds. Chaidh am Baile Ùr a dhealbhadh an toiseach ann an 1767, agus 's e an eisimpleir as motha agus as slàine san Rìoghachd Aonaichte de bhaile a chaidh a dhealbhadh ri linn nan Seòrsach.

Nuair a thèid beachdachadh orra còmhla, tha dealbh-baile cho àlainn 's a tha air an t-saoghal aig Bailtean Sean agus Ùr Dhùn Èideann. Chaidh an sgrìobhadh an toiseach le UNESCO mar Làrach Dhualchas na Cruinne ann an 1995, ag aithneachadh an ao-coltais comharraichte agus càileachd na h-ailtireachd a tha eadar an Seann Bhaile meadhan-aoiseil agus am Baile Ùr Seòrsach.

An-diugh tha am Plana Riaghlaidh airson an Làraich Dhualchais na Cruinne a' toirt stiùiridh airson glèidhteachas agus feabhas a thoirt air an làraich. Gu deatamach, chan ann mu ghlèidhteachas a-mhàin a tha e. Tha e airson atharrachadh a dhèanamh nas fhasa, gus dèanamh cinnteach gum bi Dùn Èideann na bhaile beothail, adhartach, agus soirbheachail a thaobh eaconamas.



DÈ A CHÌ MI 'S DÈ A NÌ MI AN-DIUGH?

Dirich Cnoc a' Challtair airson seallaidhean farsaing thairis air gach taobh dhen bhaile agus coisich air do shocair tro Ghàrraidhean Sràid a' Phrionnsa gus Creag òirdheirc a' Chaisteil fhaicinn.

Tadhal air Gladstone's Land anns an t-Seann Bhaile gus sealladh fhaighinn air dachaidh marsanta bhon t-siathamh linn deug agus dèan coimeas eadar e agus mòrachd an Taighe Sheòrsaich ann an Ceàrnag Charlotte.

Tadhal air Taigh-tasgaidh Dhùn Èideann, Taigh-tasgaidh nan Sgrìobhaichean agus Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba airson an tuilleadh fhaighinn a-mach mu eachdraidh inntinneach a' bhaile agus na daoine ainmeil a bha a' fuireach ann.

Bho chli gu deas

Am Baile Ùr

An t-Seann Bhaile

John Knox House © EWH

Sealladh bho Calton Hill © City of Edinburgh Council

Gladstone's Land © EWH

Lady Stair's House © EWH